


Litearras

- Tha leabhraichean oillteil air an dealbhadh airson eagal a chur air an leughadair **E**
- Mas as trice tha e ann an suidheachadh fìor ach faodaidh eileamaidean os-nàdarrach agus sgeul mhìorbhail a bhith ann cuideachd **S**
- Tha am prìomh character mar as trice a' tomhais dè tha a' tachairt do na caractaran eile **C**
- Tha beatha nan caractaran eile an urra ris a' phrìomh character làmh an uachdair fhaighinn air a' chunnart no an oillt **C**
- Faodaidh bàs iargalta no fòirneartach tachairt **P**
- Faodaidh caractaran neo-àbhaisteach mar bhampirean, mumaidhean, taibhsean, no *werewolvean* a bhith annta **C**
- Tha eagal inntinn-eòlach tric a' tachairt me caractaran air an glacadh ann an àite iomallach no aonranach airson teannachadh a chruthachadh **E**
- Tha an leughadair tric mothachail air dè tha a' dol a thachairt dha na caractaran agus tha e 'a' faireachdainn' eagal a' caractair **C**
- Faodaidh caractaran iad fhèin a chur ann an suidheachaidhean cunnartach **C**
- Tha an suidheachadh agus an cànan tric dorch agus aognaidh le tòrr thuairisgeulan **S**
- Tha iomadh nì iongantach a' tachairt san leabhar **P**
- Faodaidh nithean tachairt ann an àiteachan 'gnàth-iomhaigheil', me cladh, caisteal, seann taigh mòr **S**
- Faodaidh sgrìobhadairean faireachdainn eagalach no dorcha a chruthachadh le aimsir ghruamach, dathan dorcha, fuachd **E**



Tha gach comharra gnè a' tighinn fo aon de na ceithir cinn a leanas: Suidheachadh (S) Plota (P) Character (C) Eile (E)